Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Foirm-clàraidh airson Latha Fosgailte

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

A’ clàradh airson tighinn gu fear de na làithean fosgailte againn aig Sabhal Mòr Ostaig

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Glèidhidh Sabhal Mòr Ostaig àite dhut aig an latha fhosgailte a roghnaicheas tu agus cumaidh sinn fios riut mun tachartas agus cuiridh sinn fiosrachadh feumail thugad mun latha fhosgailte, agus ma dh’iarras tu fiosrachadh mu àiteachan-fuirich airson àm an tachartais, gheibh thu am fiosrachadh sin cuideachd.

’S e ar n-adhbharan laghail gus an dàta a chleachdadh:

Thug thu cead dhuinn a chleachdadh. Faodaidh tu an cead agad a tharraing uair sam bith le bhith a’ cur post gu margaideachd@smo.uhi.ac.uk.

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Cha chumar an dàta agad nas fhaide na seachdain às dèidh a’ chinn-latha air an tèid an tachartas agad a chumail, agus cha chumar an dàta agad ma tha thu air an cead agad a tharraing.

Seo na còraichean a th’ aig na daoine ris am buin an dàta:

- A’ chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th’ againn mur deidhinn
- A’ chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

- A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
- A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
- A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn an dàta agaibh.

’S e a th’ ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk.